

## Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 9mh dhen Chèitean 2021 Ùrnaigh aig 7f

Ann an Soisgeul Eòin tha sinn a faighinn àithe ùr, “gun gràdhaich sinn a chèile”, àithne ùr ann an cruth gu tur ùr. Ann a bhith a’ co-lionadh na h-àithne ùire, tha sinn air ar gairm gus eisimpleir ìosa a leantainn. “Tha sinne a’ gràdhachadh a chionn ’s gun do gràdhaich esan sinne an toiseach” (1 Eòin 4: 19), agus mar sin, aithnichidh na h-uile fur sinn a dheisciobail-sa, ma bhios gràdh againn dha chèile (Eòin 13: 34 - 35).

Chì sinn an àithne ùr seo air a foillseachadh anns an t-Soisgeul, oir chì sinn gu bheil gràdh ìosa dhuinn a’ sruthadh a-nuas o Dhia: “Mar a tha an t-Athair air mise a ghràdhachadh, mar sin ghràdhaich mise sibhse.” Gus an fhìrinn seo a dhearbhadh, thuirt ìosa, “Gràdh nas motha na seo chan eil aig neach sam bith, gun leig duine a bheatha sìos airson a charaidean.” Tha sinn air ar n-atharrachadh aig an ìre as doimhne tro eòlas air a’ ghràdh seo, agus tha an Tì a leig sìos a bheatha air ar son a’ cur “caraid” oirnn (Eòin 15: 9 - 17).

Anns an t-saoghal mhì-chinnteach againn, tha sinn air ar gairm gus eisimpleir ìosa a leantainn, a’ gràdhachadh ar coimhearsnaich oir bha sinn air ar gràdhachadh an toiseach.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,  
Tha thu gar gairm gus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh,  
oir ghràdhaich thu sinne an toiseach.  
Deònaich dhuinn eòlas air do ghràdh,  
a tha air fhoillseachadh trod ghràdh airson an t-saoghail.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Tha thu gar gairm gus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh,  
oir ghràdhaich thu sinne an toiseach.  
Deònaich dhuinn eòlas air doimhneachd do ghràidh,  
tro mheòrachadh air beatha, bàs agus aiseirigh do Mhic.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheo,  
Tha thu gar gairm gus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh,  
oir ghràdhaich thu sinne an toiseach.  
Deònaich gun cluinn sinn d'àithne ùr,  
agus gun lean sinn gu dìleas e, mar do dheisciobail.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Tha thu gar gairm gus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh,  
oir ghràdhaich thu sinne an toiseach.  
Deònaich dhuinn eòlas air dearbhadh agus comhfhurtachd do ghràidh, agus  
gum bi sinne nar caraidean don Tì a leig sìos a bheatha air ar son.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Tha thu gar gairm gus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh,  
oir ghràdhaich thu sinne an toiseach.  
Treòraich sinn gus gràdh fhoillseachadh dhan fheadhann a tha aonranach, gus  
am faigh iad eòlas air fìor chàirdeas.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Tha thu gar gairm gus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh,  
oir ghràdhaich thu sinne an toiseach.  
Deònaich dhuinne agus do ar coimhearsnaich làthaireachd leantainneach do  
ghràidh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Dòmhnall G. Dòmhnallach, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)